



Ceistean

Thoir sùil air paragraf

1 (a) Beachdaich air structair nan seantansan ann am paragraf 1 agus thoir cunntas goirid air.

Chan eil ann ach dà sheantans. Tha a' chiad seantans uabhasach fhèin goirid, agus tha an dàrna seantans uabhasach fada, le tòrr chromagan ga roinn.

(b) Dè cho èifeachdach 's a tha an structair seo?

Tha e èifeachdach a chionn 's gu bheil an t-seantans ghoirid aig an toiseach ag innse dhuinn gu bheil i anns an sgoil. An dèidh seo, thathar a' tuigsinn gu bheil an clag a' comharrachadh deireadh latha na sgoile. Mar sin, tha e iomchaidh gu bheil an t-seantans goirid, seach gu bheil e a' comharrachadh deireadh aon earrann de a beatha làitheil agus gu bheil earrann eile den latha a' tòiseachadh.

Tha e èifeachdach cuideachd gu bheil an dàrna seantans uabhasach fada, le tòrr chromagan ga roinn. Tha an structair seo a' samhlachadh na tha a' tachairt aig an ìre seo san sgeulachd. Tha e a' cruthachadh dealbh an inntinn an leughadair den character a' ruith gu cabhagach sìos an trannsa feuch am faigh i a-mach às an sgoil.

2. Dè cho èifeachdach 's a tha e gu bheil am pìos mu dheireadh den chiad pharagraf a' crìochnachadh leis na facail sin ann an camagan?

Tha seo uabhasach èifeachdach a chionn 's gu bheil e a' toirt dhuinn fiosrachadh a bharrachd. Tha am fiosrachadh seo cudromach don leughadair ann a bhith a' tuigsinn a' chabhag san robh Eilidh agus mar nach robh i a' coimhead far an robh i a' dol. Tha am fiosrachadh ann an camagan a' toirt fa-near dhuinn gun robh Eilidh mothachail gun robh i air an nighean seo a shadail chun a' bhalla na cabhaig. Ach, air an làimh eile, cha do stad Eilidh idir. Tha am fiosrachadh seo caran an cùl inntinn Màiri, agus chan eil e

idir cudromach gu leòr dhi airson toirt oirre stad a dh'fhaighneachd an robh an nighean ceart gu leòr. San aon dòigh, tha na camagan a' samhlachadh mar a bha Màiri a' faicinn an fhiosrachaidh – mar rudeigin nach eil ro chudromach ach air a bheil i fhathast mothachail.

Thoir sùil air paragraf 5.

- 3. Nad fhaclan fhèin, inns mar a tha an sgrìobhadair a' toirt fa-near don leughadair nach eil Eilidh idir ag iarraidh feitheamh ri lioft a thoirt don nighinn eile?**

Tha i ag innse dha màthair nach eil fhios aice dè an t-ainm a th' oirre. Chan eil i a' coimhead suas bho na pàipearan a tha i a' leughadh. Cuideachd, tha i ag ràdh gun tog cuideigin eile i, ged nach eil i idir cinnteach às an seo.

Thoir sùil air paragraf 9.

- 4. (a) A bheil thu a' mothchadh sìon sònraichte mun pharagraf seo?**

'S e paragraf uabhasach goirid a th' ann, le dìreach aon seantans.

- 5. (a) Dè cho èifeachdach 's a tha seo?**

Tha seo èifeachdach a chionn 's gu bheil e a' tarraing aire an leughadair gu na faclan sin. Tha am paragraf seo cudromach ann a bhith a' toirt tuigse dhuinn air caractar Eilidh. Tha sinn dìreach air faighinn a-mach gun robh pàirt chudromach aice san dealbh-chluich agus gu bheil i a' togail a sùil gus a bhith air an àrd-ùrlar a-rithist.

Thoir sùil air paragraf 13.

- 6. Thoir seachad abairt bhon pharagraf seo a tha ag innse dhuinn gun robh Eilidh a' faireachdainn nearbhasach.**

“Bha a làmhnan air chrith”

Thoir sùil air paragraf 15.**7. (a) De an cleas-sgrìobhaidh a tha an t-ùghdar a' cleachdadh sa pharagraf seo?**

Ceasnachadh

(b) Dè a' bhuaidh a th' aig a' chleas-sgrìobhaidh seo?

Tha e a' toirt tuigse don leughadair air a' bhuaireadh a tha a' dol ann an inntinn Eilidh, agus na ceistean a tha na ceann mu na tha tachairt mun cuairt oirre. Tha e a' toirt fa-near dhuinn nach eil sìon a dh'fhios aice dè th' air tachairt dhi no carson a tha i san t-suidheachadh seo an àite a bhith air an àrd-ùrlar mar a bha i an dùil.

Thoir sùil air paragraf 17.**8. “Tha thu anns an teatair, Eilidh” Tha an sgrìobhadair a' cleachdadh cleas-cainnte an seo. Dè a' bhuaidh a th' aig a' chleas-cainnte seo?**

Aig toiseach na sgeulachd, bha làn dhùil aig Eilidh a bhith anns an ‘teatair’ – an teatair le àrd-ùrlar far am biodh i a' seinn 's a' dannsa san dealbh-chluich aice. Ach, bun a bh' ann, ro dheireadh na sgeulachd, tha Eilidh anns an teatair de sheòrsa eile – teatair san ospadal a chionn 's gu bheil i air a cas a bhriseadh.

Thoir sùil air paragraf 18.**9. Bha cas Eilidh air “a còmhdach chun na glùine le plastar pinc”.**

Mìnich mar a dh'fhaodar a ràdh gu bheil seo làn ioranais.

Thoir sùil air paragraf 31**9. (a) Dè tha thu a' mothachadh a tha t-sònraichte mun seantans mu dheireadh sa pharagraf seo?**

Tha e uabhasach goirid – dìreach dà fhacal.

(b) Dè a' bhuaidh a th' aig an seo air an leughadair?

Tha e a' tarraing aire an leughadair gu na briathran seo gu sònraichte. Tha na faclan, agus an structair mar shamhla air na tha a' tachairt sa pharagraf seo. Tha an nighean

a' "stad" gu h-obann, agus mar sin, tha e iomchaidh agus èifeachdach gu bheil stad-phuing a' nochdach.

Thoir sùil air paragraf 40.

10. (a) Dè an cleas-sgrìobhaidh sònraichte a tha air a chleachdadh an seo?

Eilipsis

(b) Dè cho èifeachdach 's a tha seo?

Tha e èifeachdach ann a bhith a' sealltainn don leughadair gu bheil Eilidh a' cumail oirre a' smaointinn mun latha ud. Cha leig i leas an còrr a ràdh; tha fios aig an leughadair mar-thà cò air a tha i a' smaointinn, mar a tha i a' faireachdainn agus carson a tha i a' faireachdainn mar sin. Tha i mothachail, 's dòcha airson a' chiad uair, gun robh i fèineil an latha a ruith i seachad air Mairead gun choimhead. Tha Eilidh a' faireachdainn ciontach gu bheil Mairead nas bàidheile rithe nas bha ise rithese. Tha seo cudromach don sgeulachd a chionn 's gu bheil e a' togail co-fhaireachadh annainn airson Eilidh, leis gu bheil i a' tuigsinn gun do rinn i ceàrr.

11. Nad fhaclan fhèin, mìnich carson a tha Eilidh a' toirt cuireadh do Mhairiad tighinn chun an taighe aice?

Tha Eilidh a' tuigsinn gun do dhèilig i ri Mairead ann an dòigh suarach an latha a ruith i seachad oirre agus i ann an cabhaig. Tha i mhothchail nach do nochd ise co-fhaireachadh sam bith do Mhairiad agus Mairead le a cas briste. Tha Eilidh a' faireachdainn ciontach mun seo, gu h-àraid on a tha Mairead air co-fhaireachadh agus càrdeas a' nochdachd rithese. Tha Eilidh a' tuigsinn gu bheil i air a bhith ga giùlan fhèin ann an dòigh gu math fèineil. Bha leithid de chabhag oirre agus leithid de dh'uallach oirre mun dealbh-chluich agus a pàirt fhèin ann, gun do dhìochuimhnich i gun robh feumalachdan aig daoine eile cuideachd.

12. Nad fhaclan fhèin, mìnich teachdaireachd na sgeulachd.

Tha iomadh teachdaireachd a' nochdachd san sgeulachd seo. Sa chiad àite, tha Eilidh caran fèineil, chan eil mòran for aice air feumalachdan dhaoin' eile agus tha i an-còmhnaidh ann an cabhaig. Tha i gu math pròiseil aiste fhèin 's i air pàirt chudromach fhaighinn ann an dealbh-chluich. Ach, tha tubaist aig Eilidh mus tèid i fiù 's air an àrd-ùrlar, agus tha i a' briseadh a cas. Dh'fhaodar a ràdh gur e leasan bheag mu 'pride comes before a fall' a tha seo. Tha Eilidh ag ionnsachadh mòran rè na

h-ùine a tha i a' cur seachad air croitseachan. Tha nighean bhon chlas aice a' mothachadh gu bheil Eilidh le cas ann am plastar, agus tha i a' tabhann lioft a thoirt dhi gus nach fheum i am bus a ghabhail. Rinn an nighean seo a chionn 's gun robh ise i fhèin air a bhith air croitseachan, agus bha co-fhaireachadh aice ri Eilidh. Thug an càirdeas seo air Eilidh a thuigsinn nach robh ise buileach cho coibhneil ris an dearbh nighinn seo nuair a bha i air croitseachan agus Eilidh a' ruith na cabhaig. Tha Eilidh a' faireachdainn ciontach mun seo, agus tha i a' toirt cuireadh don nighinn eile tighinn chun an taighe aice a choimhead DVD. Tha e na theachdaireachd don leughadair gum bu chòir dhuinn a bhith mothachail air feumalachdan dhaoin' eile. Cuideachd, mura h-eil sinn a' dèanamh an rud cheart aig am àm, gum bu chòir dhuinn làmh a' chàirdeis a shìneadh a-mach airson rudan a dhèanamh nas fhèarr. 'S ann le bhith gar giùlan fhèin san dòigh seo a gheibh sinn toileachas – tha e air innse dhuinn san loidhne mu dheireadh gun d' fhuair Eilidh toileachas bhon chuideachadh a thug Mairead dhi, agus bhon chàirdeas a sheall i fhèin cuideachd – “rinn Eilidh a' chiad ghàire airson iomadh mìos.”